

Bòrd MG ALBA

Oifisean a' BhBC, Glaschu

11 agus 12/6/19

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Ailean Dòmhnallach (sa Chathair)	Jo NicDhòmhnail
	Daibhidh Brew	Màiri Kidd
	Donaidh MacAmhlaidh	Iain Stephen Moireasdan.
	Dùghall MacAmhlaigh	Marion Nic na Ceàrdaich

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Donaidh Dòmhnallach (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais Phròiseactan) – airson puingeon 9-17  
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA  
(airson puingeon 6, 7, 8, 11e)

Chaidh fàilte a chuir air Marion Nic na Ceàrdaich, ball ùr a' Bhùird, chun chiad choinneamh aice.  
Chaidh co-fhaireachdainn a' Bhùird a bhuileachadh air Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis  
BBC ALBA, an dèidh bàs a h-athair.

**1. Leisgeulan**

1.1 Calum MacFhearghais

**2. Gnothaichean Dearbhte**

2.1 Dh'innis Jo NicDhòmhnail gu robh i air bòrd Shabhal Mhòir Ostaig.

2.2 Dh'innis Daibhidh Brew gu robh e air bòrd Alba Chruthachail, ri linn an còmhradh mun  
Screen Fund.

### **3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

a) 28/2/19 – aontaichte.

b) 29/3/19 – aontaichte.

c) Gnothaichean ag èirigh

- 3.1 Bha dòchas ann gum biodh Cbeebies/CBBC ALBA riochdaichte à Steòrnabagh an ceann ùine agus chaidh innse dhan bhòrd nach robh dùil gum biodh sin comasach sa gheàrr-ùine.
- 3.2 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail tuigsinn an robh riochdachadh leis a' BhBC riatanach airson Cbeebies/CBBC ALBA, oir bhiodh seo cudromach ann a bhith a' taghadh riochdaire an dèidh pasgan a' BhBC a thighinn gu crìoch ann an 2021.
- 3.2 Thig molaidhean air beulaibh a' bhùird aig an ath choinneamh. (Gnìomh: DC)
- 3.3 Àireamhan luchd-amhairc An Là – chaidh innse gum gu chòir na toraidhean airson a' chiad earrann den rannsachadh a bhith deiseil a dh'aithghearr, le dùil air an dàrna earrann an ùine ghoirid. Ach chaidh innse gu bheil dol an sàs nas fheàrr ann mu thràth leis an luchd-amhairc le diofar iomairtean a chaidh a chuir an sàs. Thèid fios a chumail ri buill. (Gnìomh: IMT)

### **4. Aithrisean**

#### **a) Aithris bho Chomataidh Inbhean (10/5/19)**

- 4.1 Thug Cathraiche na Comataidh aithris agus bha buill riarachta. Chaidh innse ann an co-theacsa ionnsachaidh gu bheil gluasad air a thighinn ann am fastadh Manaidsear Ionnsachaidh agus Leas-Deasaiche Ionnsachaidh. Thèid fios a chumail ri buill. (Gnìomh: DC)

#### **b) Aithris bho Chomataidh Sgrùdadh & Dearbhaidh (21/5/19)**

- 4.2 Thug Cathraiche na Comataidh aithris agus bha buill riarachta. A thuilleadh air na nithean a th' air clàr an là an-diugh, chaidh na leanas a chomharrachadh:
- 4.3 Tha a' Chomataidh a' gluasad air adhart le gnothachais àbhaisteach a thaobh sgrùdadh in-taigh
- 4.4 Tha a' Chomataidh a' dèanamh lèirmheas air cùmhnantan beaga na buidhne
- 4.5 Ged nach eil am buidseat airson 2019/20 a' nochdadh ann am pàipearan coinneimh an là an-diugh, chaidh a chomharrachadh gu bheil e fhathast bho sgrùdadh agus gu bheil dùil aig a' Chomataidh ùrachadh buidseit fhaighinn, ro dheireadh an t-luchair, a tha a' sealltainn cò às a tha an £200k thairis air buidseat a' tighinn. (Gnìomh: DC)
- 4.6 Dh'iarr a' Chomataidh pàipear bhon sgioba àrd-stiùiridh co-cheangailte ri aogheachd na buidhne aig Cupa Cruinne nam Ban san Fhraing. Chaidh innse gun deach pàipear a chuirteachadh air buill na Comataidh bho chionn là no dhà agus gun deigheadh coimhead ris agus gun deigheadh feuchainn ri aonta fhaighinn air a' phàipear ro dheireadh an là an-diugh. (Gnìomh: DC).

### **c) Aithris bho Chomataidh Ainmeachaidh (8/1/19 + 22/5/19)**

- 4.7 Thug an Cathraiche aithris air obair na Comataidh. Co-cheangailte ri fastadh bhuill, chaidh fàilte a chuir air cuir an dreuchd Marion Nic na Ceàrdaich chun bhùird, le còmhraidhean a' leantainn le Ofcom airson dithis no triùir bhall eile a chuir an dreuchd. Thathas dòchasach gum bi buill ùra ann an dreuchd airson coinneamh na Samhna.

## **5. Aithisgean Bliadhnaile nan Comataidhean**

### ***Comataidh Inbhean***

- 5.1 Bha Aithisg bhliadhnaile agus fèin-measadh airson 2018/19 air beulaibh bhall agus chaidh an comharrachadh. Bha Clàr-obrach 2019/20 air beulaibh bhall airson aonta agus chaidh aontachadh.
- 5.2 Chaidh dith ballrachd air a' Chomataidh a chomharrachadh.
- 5.3 Co-cheangailte ri Dleastanas na Comataidh, thèid coinneamh a chumail a dh'aithghearr

### ***Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh***

- 5.4 Bha aithisg bhliadhnaile agus fèin-measadh airson 2018/19 air beulaibh bhall agus chaidh an comharrachadh. Bha clàr-obrach 2019/20 air beulaibh bhall airson aonta agus chaidh aontachadh.
- 5.5 Chaidh innse gum bi Donaidh MacAmhlaidh a' ghabhail a-nall an Cathair aig deireadh an t-luchair, ged a bhios Daibhidh Brew fhathast na bhall den Chomataidh gu deireadh a thèirm.
- 5.6 Chaidh ceist a chuir le Cathraiche a' bhùird an robh buill toilichte gu leòr leis an foirm fèin-measaidh. Ged a bha am fòirm rudeigin liobasta, bha buill riarachtaichte leis.

## **6. Luchd-coimhid: dèanadas**

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le lèirmheas ràitheil an luchd-cleachdaidh is na h-iomairtean a tha a' libhrigeadh amasan Lèirsinn 2021 na buidhne. Thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh air agus ghabh buill fainear.
- 6.2 Chaidh ceist a chuir an robh an t-seanail ùr BBC Scotland air buaidh a thoirt air BBC ALBA. Chaidh innse nach robh fianais ann gu robh agus gu robhas a' co-obrachadh leotha aig a h-uile cothrom agus gu robhas air a bhith ro-innleachdail ann a bhith a' cur rudan làidir dhan chlàr aig àm tòiseachaidh na seanail ùir. Chaidh a dhaingneachadh às aonais prògraman ùra, bidh buaidh air dèanadas BBC ALBA.
- 6.3 Chaidh còmhradh a chumail mun chothrom an tuilleadh prògramadh a dhèanamh aig tachartasan beò. Ged a chaidh a mhìneachadh nach eil iad freagarrachd airson ath-chraolaidhean, thèid còmhradh a dhèanamh taobh a-staigh sgioba phrògraman faic an robh a' chòrr am b' urrainn a bhith dèante.
- 6.4 Thathas ag obair air cruth ùr a thoirt air mar a thathas ag aithris air slatan-tomhais fianais an Lèirsinn le dòchas gum bi sin air beulaibh bhall aig an ath choinneamh. (Gnìomh: IMT)

## **7. Riochdachadh: sgilean Gàidhlig**

- 7.1 Bha pàipear, a' mìneachadh suirbhidh a chaidh a dhèanamh am measg luchd-solair air ìre sgilean Gàidhlig, air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. B' iad seo na prìomh phuingeann còmhradh:
- 7.2 Thèid aois iadsan a ghabh pàirt a chuir ris an fhiosrachadh. (Gnìomh: IM)
- 7.3 Chaidh aithneachadh nach robh, sa chumantas, oileanach a' fàgail na h-àrd-sgoil le sgilean Gàidhlig deiseil airson a' ghnìomhachais agus gu faodadh MG ALBA a bhith a' comhairleachadh an riaghaltais air an seo le dùil gu deigheadh barrachd a dhèanamh air an seo.
- 7.4 Chaidh cudrom a chur air a bhith a' co-obrachadh agus ceanglaichean a thogail eadar sgoiltean agus gnìomhachais, agus an tuilleadh a dhèanamh le leithid MIT Entrepreneurship Development Programme (EDP) aig HIE.
- 7.5 Chaidh a chomharrachadh gu faodadh e bhith cumhachdach na rionnagan co-cheangailte ri cupa cruinne nam ban a chleachdadh agus an toirt gu sgoiltean gus buaidh a thoirt air daoine òga sa bhliadhna mu dheireadh san àrd-sgoil.
- 7.6 Chaidh aontachadh an rannsachadh a thilleadh gu Comataidh Inbhean gus faicinn dè an dòigh as fheàrr leantainn air adhart leis. Thèid e cuideachd air beulaibh a' bhuidheann comhairleachadh trèanaidh.
- 7.7 Chaidh còmhradh a chumail air am biodh e iomchaidh planaichean leasachaidh no slatan-tomhais cànan a chur mu choinneimh riochdairean phrògraman Gàidhlig mus deigheadh coimisean a thoirt dhaibh, le dùil a bhith nas iarrtaiche mu sgilean Gàidhlig an riochdaire. Chaidh aithneachadh gu bheil a leithid mar phàirt de sholarachadh chompanaidhean airson nam pasgan
- 7.8 Chaidh a ràdh, ged a tha sgilean riochdachaidh math aig companaidhean, tha an tuilleadh obair a dh'fheumaidh cuideachd gus an cuid sgilean gnìomhachais a leasachadh.
- 7.9 San fharsaingeachd, bha buill riarachaidh gum bi am fianais seo bho shuirbhidh sgilean Gàidhlig nan riochdairean na bhonn-stèidh airson gnìomhan leasachaidh. (Gnìomhan: IMT)

## **8. Ro-innleachd ghnèithean sònraichte**

### ***a) Spòrs***

- 8.1 Dh'innis an Cathraiche gum bi aonta a' Chathraiche, a tha riatanach fo Riaghailtean Ionmhasail na buidhne, dha shireadh fo phuig 11e airson ùghdarras a thoirt dhan bhuidheann a dhol an sàs ann an cùmhnant airson còirichean SPFL, ach mus ruigeadh sin, agus mar ullachadh airson sin, gum biodh ro-innleachd spòrs na seanail dha dheasbad fon phuig seo.
- 8.2 Mar sin, bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh daingneachadh a' bhùird air ro-innleachd spòrs airson nam bliadhnaichean suas gu 2023 gus an urrainnear beachdachadh, na b' fhaide air adhart, air ceadachadh cùmhnant còirichean.
- 8.3 Dh'fheumadh an còmhradh aire a thoirt air an fheum airson riochdaire a chur an dreuchd airson 2020 gu 2023, leis gum bi cùmhnant Nemeton Scotland a' tighinn gu crìoch san Iuchair 2020.

- 8.4 Chaidh deasbad a chumail agus b' iad na prìomh phuingeann còmhraidh
- 8.5 Bha ùidh ann tuigsinn dè amas a' BhBC gu farsaing airson spòrs bho Alba airson luchd-coimhid na h-Alba gus measgadh iomchaidh de spòrs a libhrigeadh gu nàiseanta, dè am pàirt a bu chòir a bhith aig BBC ALBA ann a bhith a' cuideachadh le sin, agus dè an taic a b' urrainn tighinn bhon BhBC airson a libhrigeadh.
- 8.6 Chaidh togail gu robh seanail ùr ann an Alba a-nis a dh'fhaodadh mòran amasan a choileanadh dhan BhBC a thaobh luchd-coimhid, agus b' i a' cheist am biodh e a-nis comasach dhan t-seanail ùir cuid de na h-uallaichean sin, mar eisimpleir airson spòrs bho Alba, a thogail no a cho-roinn le BBC ALBA.
- 8.7 'S a cho-theacsa sin, bha buill a' tuigsinn gu robh gnè spòrs a' toirt mòran phrògraman do BhBC ALBA aig cosgais ìosal, agus gu robh mòr fheum aig BBC ALBA air prògraman. Ach le BBC Scotland a-nis air tòiseachadh, am biodh e comasach agus air neo ciallach do BhBC ALBA tarraing a-mach à gnè spòrs.
- 8.8 Chaidh aithneachadh nach robh Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de luchd-coimhid ball-coise air BBC ALBA agus, leis gu robh e mar fhiathachadh air MG ALBA taic a chumail ris a' chanain, an e na h-uiread de spòrs an dòigh as fheàrr a bhith a' cleachdadh airgead MG ALBA?
- 8.9 Chaidh innse le Ceannard na Seirbheis gu bheil còmhraidhean ro-innleachdail air a bhith a' leantainn leis a' BhBC thar nan 10 bliadhna mu dheireadh agus le BBC Scotland sa bhliadhna mu dheireadh. Tha na còmhraidhean seo a' tachairt tric gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-amhairc air am frithealadh gu h-ìomchaidh eadar an dà sheanail.
- 8.10 Chaidh a chomharrachadh le buill ged a bha ceist ann mu bhith a' cleachdadh airgead phrògraman Gàidhlig airson spòrs nuair a bha spòrs ri fhaotainn air seanailean Beurla, gu robh e follaiseach cuideachd gur e spòrs air BBC ALBA am meadhan as bitheanta airson a bhith a' toirt Gàidhlig a-steach do dhachannan air feadh Alba gach seachdain.
- 8.11 Bha ceist ann an robh fianais gu robh an làthaireachd sin a tha aig Gàidhlig tro spòrs air BBC ALBA a' buileachadh buannachdan sam bith air a' Ghàidhlig – a thaobh inbhe, ionnsachadh no cleachdadh. Dheigheadh coimhead gu dlùth air an rannsachadh. (Gnìomh: IM)
- 8.12 Mhìnich oifigearan gur e an t-adhbhar a tha iad an aghaidh a bhith a' cur aithris Beurla air spòrs Gàidhlig (tron phutan dearg) gun toireadh e cothrom dhan luchd-coimhid an spòrs aig BBC ALBA fhaicinn gun a bhith a' cluinntinn Gàidhlig. Feumaidh spòrs BBC ALBA obrachadh mar dhoras chun na Gàidhlig, agus cha thachair sin ma bheireas sin putan dearg don luchd-coimhid a cheadaicheadh a' Ghàidhlig a sheachnadh.
- 8.13 Chaidh a chomharrachadh gu robh luchd-labhairt na Gàidhlig agus luchd-coimhid BBC ALBA airidh air seirbheis spòrs tro mheadhan na Gàidhlig mar a shaoileadh iad bho sheanail sheirbheis telebhisean poblach agus gu robh an tairgse aig BBC ALBA, fiùs don fheadhainn aig nach eil Gàidhlig, sònraichte agus cliùiteach.
- 8.14 Bha beachd aig aona bhall gu robh cus airgid dha chosg air ball-coise nam fir air BBC ALBA agus nach robh mòran atharrachaidhean ri fhaicinn bliadhna air a' bhliadhna.
- 8.15 Air an taobh eile, chaidh a ràdh le Ceannard na Seirbheis, gu robh atharrachadh ga fhaicinn gach bliadhna agus mura biodh BBC ALBA an sàs le spòrs gum biodh call luchd-coimhid ann agus bhiodh call inbhe ann dhan t-seanail, agus le sin gum biodh luach an airgid a' dol sìos gu mòr.

- 8.16 Chaidh ceist a thogail air an t-seirbheis a tha BBC ALBA a' toirt seachad a thaobh spòrs ionadail ann an coimhearsnachdan Gàidhlig agus chaidh a ràdh gur e Camanachd an tairgse as nochdte bhon chùmhnannt airson spòrs, ach gu robh An Là agus Spòrs na Seachdain (Radio nan Gàidheal) a' dèanamh aithrisean.
- 8.17 Chaidh moladh gum bu chòir coimhead air BBC ALBA mar sheirbheis PSB, seirbheis craolaidh poblach, aig a bheil creamh-droma naidheachdan agus spòrs.
- 8.18 Tha Bòrd na Co-bhanntachd den aona bheachd.
- 8.19 Chaidh innse le oifigearan gu robh spòrs a cheart cho cudromach do na seanailean mion-chànanach eile: S4C, TG4, Maori TV. 'S e spòrs a tha a' libhrigeadh inbhe phoblach agus deagh àireamhan luchd-coimhid air cosgais reusanta, agus às aonais an dà thaobh sin bhiodh duilgheadas aig na riaghaltasan taic a chumail riutha.
- 8.20 Chaidh moladh deuchainn no suirbhidh bheachdan ("attitudinal") a chumail air an dàimh eadar spòrs air BBC ALBA agus beachdan mun Ghàidhlig.
- 8.21 Chaidh a chomharrachadh le ball gu robh MG ALBA ann an suidheachadh èiginneach a thaobh ionmhas, agus gu feumadh co-dhùnaidhean cruaidh a ruighinn mu càite feumadh ìobairt a dhèanamh agus càite feumadh neartachadh a dhèanamh. Mar eisimpleir, aig dè an ìre a dh'fheumas ìobairt a dhèanamh air spòrs, no pàirt dheth, ri linn an dìth airgid? Sa cho-theacsa sin bha ceist ann an robh cuid den spòrs nas luachmhor na cuid eile, agus bha beachd aig ball gu robh a' cheist sin gu h-àraid mu choinneimh ball-coise bho phrìomh lìog na h-Alba.
- 8.22 Thug an cathraiche taing dhan h-uile duine airson am beachdan agus mhol e puing iomchaidh a bha seo coimhead air ro-innleachd ghnè drama le na h-aon sùilean.

#### **b) Dràma**

- 8.23 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an t-slighe leasachaidh a tha Sgioba Phrògraman BBC ALBA a' moladh. Bha buill mothachail gum biodh cùmhnannt Young Films airson Bannan a' tighinn gu crìoch ann an 2020/21 agus gu robh feum air co-dhùnaidhean a ghabhail am-bliadhna mu ciamar as fheàrr a dheigheadh dhràma a libhrigeadh air an t-seanail an dèidh 2021.
- 8.24 B' iad seo na prìomh phuingeann còmhraidh.
- 8.25 Mar bhun fheallsanachd, bha oifigearan a' moladh gu feumadh drama sònraichte Gàidhlig a bhith air BBC ALBA, agus gum biodh dràma ioma-cànain no co-coimiseanaichte/co-riochdaichte agus air a cho-roinn le seanailean eile (mar eisimpleir le craoladairean Ceilteach) mar rudeigin luachmhor a bharrachd airson na seanail.
- 8.26 Leis an sin, bu chòir dràma Gàidhlig a-mhàin a bhith san amhairc, agus aig an dàrna ìre de phrìomhachas bu chòir a bhith ag obair air pròiseactan mòra far a bheil a' Ghàidhlig mar phàirt dhiubh.
- 8.27 Chaidh a ràdh gu robh amas ann modail riochdachaidh a stèidheachadh a bha a' libhrigeadh luach an airgid.
- 8.28 Bha beachd aig aona bhall gum bu chòir do dhràma ioma-cànain a bhith na phrìomhachas do BhBC ALBA, seach dràma Gàidhlig a-mhàin, le faireachdainn ann gum bithear a' call a-mach air cothroman nam biodh an sùil ro theann air na an comas na buidhne a-mhàin. Chaidh aithneachadh nach robh am beachd sin a rèir moladh nan oifigearan, a bha a' moladh

prìomhachas a thoirt do dhràma Gàidhlig a-mhàin (gun a bhith a' cur cùl ri cothroman co-riochdachaidh).

- 8.29 Chumar deasbad air diofar roghainnean agus ìrean cosgais, agus an dèidh deasbaid chaidh aontachadh gur e sreath leantainneach Gàidhlig am prìomh dhòigh airson a bhith a' coileanadh amasan ro-innleachdail dràma air BBC ALBA ach gun deidheadh còmhraidhean a chumail, mar gu h-àrd, airson dràma ioma-cànain agus gu bheil an ro-innleachd seo a' toirt cothrom an dà rud a dhèanamh.
- 8.30 Chaidh aontachadh gu robh e riatanach gum bi taic ga fhaighinn bhon taobh a-muigh, gu h-àraidh bho bhuidhnean aig a bheil uallaichean airson dràma, leithid am BBC agus Sgrion Alba.
- 8.31 Chaidh moladh leis a' Bhòrd, agus chaidh aontachadh leotha, gu robhas ag iarraidh air oifigearan – nuair a bha a' chùmhntant a tha ann an dràsta air crìoch a ruighinn - dràma a libhrigeadh airson BBC ALBA thairis air 3 bliadhna, le luach co-dhiù £1.5m gach bliadhna. Bhiodh am Bòrd deònach £0.5m de dh'airgead MG ALBA a chur ris gach bliadhna airson 3 bliadhna (£1.5m gu h-iomlan) agus thigeadh an còrr (£1m gach bliadhna, no £3m thairis air 3 bliadhna) bho bhuidhnean eile.
- 8.32 Bha am Bòrd ag aithneachadh gum biodh seo dùbhlach agus thòisicheadh an obair an dràsta.
- 8.33 Le dà thaobh air a' chùis – maoinachadh agus riochdachadh – thèid fios a chumail ris a' Bhòrd. (Gnìomh: IMT)

### ***c) Ionnsachadh***

- 8.34 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan ceumannan a dh'ionnsaidh adhartas le goireas ùr ionnsachadh cànan agus chaidh deasbad a chumail. Bha buill riarachta le na ceumannan a bha gan gabhail agus thug iad an taic don iomairt.

***Bhris a' choinneamh an seo, aig deireadh an fheasgair, agus thill buill gu puing 9 an ath latha. Chaidh leisgeulan agus gnothaichean dearbhte a chlàradh.***

## **9 Ceumannan Ro-innleachd**

- 9.1 Aig coinneamh a' Mhàirt bheachdaich buill air ceithir modailean a thaobh bonn-stèidh maoin chraoladh Gàidhlig. An dèidh sin, chaidh aontachadh buidheann-obrach ro-innleachd agus co-bhanntachd a stèidheachadh, le ballrachd den Chathraiche, Leas-chathraichean nan Comataidhean agus buill bhon Sgioba Àrd-stiùiridh.
- 9.2 An dèidh coinneamh dhen bhuidheann-obrach chaidh aontachadh air ùrachadh an Lèirsinn 2021, agus sa cho-theacsa sin, sùil gheur a chuir air: 1) mar a tha agus a bhios teicneòlas ag atharrachadh chleachdaidhean; 2) fianais mu atharrachadh ann an cleachdadh dhaoine òga (me bho Ofcom); 3) dè cho freagarrach 's a tha an reachdas agus suidheachadh maoinachaidh MG ALBA; 4) case study air TG4 – na buannachdan, cothroman agus dùbhlain a thàinig an cois neo-eisimeileachd bho TG4; 5) ciamar a b' urrainn còmhraidhean feumail a chumail air na nithean sin le Ofcom/BBC/SG agus DCMS; agus 6) cumar sùil air buaidh air obraichean, agus mar a tha Maoinean ùra air nochdadh (eg BFI Young Audiences Content Fund).
- 9.3 Sa cho-theacsa sin, bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail: B' iad seo na prìomh puingean còmhraidh.

- 9.4 Tha e cudromach gu bheil e soilleir dhan bhuidheann agus do luchd-ùidh dè ann an da-rìribh thathas airson a choileanadh aig a' cheann-thall.
- 9.5 Bha faireachdainn ann ged a tha còmhraidhean aig ìre oifigearan feumail, nach eil iad a' faighinn mòran buannachd agus rud air a bheil feum 's e settlement ùr no "step change" le luchd-politigs.
- 9.6 Bha aonta ann gu bheil deagh rùn ann bho na buidhnean a tha an sàs sna còmhraidhean.
- 9.7 An dèidh deasbad mun t-slighe air adhart, chaidh na leanas aontachadh:
- 9.8 Thèid 1) cuireadh chun na buidhnean a thighinn timcheall a' bhùird airson fianais a thrusadh agus deasbad a chumail air na duilgheadasan a tha gach buidheann a' faireachdainn; 2) thèid an deasbad a chlàradh; 3) thig aithisg air ais chun bhùird.
- 9.9 An dèidh sin thèid gluasad phoilitigeach a chuir air bhonn leis a' cheann-uidhe maoinachadh agus riaghlachas airson nam meadhanan Gàidhlig fhaighinn.
- 9.10 Chaidh a chomharrachadh gum biodh e feumail nam biodh gluasad ann ron choinneamh leis an Leas-Phrìomh Mhinistear air 13/8/19.
- 9.11 Bha buill mothachail gu bheil an sgioba àrd-stiùiridh fo tòrr uallach agus gu math fo-ghoireas agus chaidh a chomharrachadh gu robh iad a' cur taic nam biodh feum air goireas bhon taobh a-muigh gus taic a chuir ris an iomairt seo. (Gnìomhan: DC)

## **10 Plana Obrachaidh**

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh obair agus buidseatan na buidhne, stèidhichte air an tuigse gu bheil modail obrach na buidhne a' maireachdainn gu 2023.
- 10.2 Le feum air seilbheach a dhèanamh sa bhuidheann agus sgilean agus eòlas ùr a thogail taobh a-staigh na buidhne agus sgilean agus eòlas a thoirt a-steach bhon taobh a-muigh, bha moladh air beulaibh bhall £200k a chur gu taobh airson sin gach bliadhna suas gu 2022-23.
- 10.3 Bha aona bhall den bheachd gu feumar a bhith faiceallach nach tèid an sàbhaladh seo a thoirt à buidseat Outreach agus Conaltadh agus gu feumar a bhith deiseil a thoirt a-mach à buidseat phrògraman nam biodh feum
- 10.4 Chaidh aontachadh gu feumadh buidseat na bliadhna fhathast a chothromachadh. Dheigheadh seo a dhèanamh tro Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus thèid fios a chumail ri buill (Gnìomh: DMD)

## **11 Gnothaichean Riaghlaidh a' Bhùird**

### ***(a) Aithisg an AO/Sùil air Faire***

- 11.1 Bha lèirmheas ràitheil air beulaibh bhall agus ghabh na buill fa-near.

### ***(b) KPIs***

- 11.2 Bha pàipear air beulaibh bhall le lèirmheas aig deireadh na bliadhna ionmhais 2018-19 air coileantachd amasan. Ghabh buill fa-near.

### ***(c) Clàr Riogsan***



- 11.3 Bha pàipear air beulaibh bhall le na riosgan a tha a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' cur air adhart airson aire a' Bhùird agus chaidh deasbad a chumail. Bha buill riarachta leotha agus chaidh aontachadh sùil a chumail air fulangach (resilience) an sgioba àrd-stiùiridh

**(d) Cunntasan stiùiridh**

- 11.4 Bha pasgan cunntasachd Q4 2018/19 air beulaibh bhall agus an dèidh ceistean a chur agus freagairtean iomchaidh fhaighinn ghabh am bòrd riutha.

**(e) Ceadan sònraichte – Cèilidh na Bliadhn' Ùire agus dràma an EBU**

- 11.5 A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £100k san uair, aonta a' Bhùird.
- 11.6 Chaidh innse san àbhaist gum biodh seo air a dhol tro Bhòrd na Co-bhanntachd an toiseach ach ri linn 's gun deach a' choinneamh a chuir air ais, chaidh a chuairteachadh tro ph-d agus bha buill na Co-bhanntachd riarachta leotha

*Cèilidh na Bliadhn' Ùire*

- 11.7 Bha pàipear air beulaibh bhall a bha a' moladh cùmhant airson Cèilidh na Bliadhna Ùire 2019 & 2020 a thoirt do BhBC Gàidhlig. Chaidh mìneachadh gu robh farpais fosgailte a bha ann. Dh' aontaich buill ris a' chùmhant airson [Fios glèidhte:].

*Dràma an EBU*

- 11.8 Bha pàipear air beulaibh bhall a bha a' moladh cùmhant airson dràma chloinne co-mhaoinichte leis an EBU a thabhand do Sorbier airson [Fios glèidhte:].

*Spòrs – cùmhnant SPFL airson 2020 gu 2023*

- 11.9 Chaidh taisbeanadh a dhèanamh le oifigearan, a' togail air puing 8a a bha fo dheasbad an latha roimhe.
- 11.10 Bha oifigearan soilleir nach bu chòir amas na seanail atharrachadh ri linn 's gu bheil an t-seanail ùr BBC Scotland ann. Mura biodh spòrs air an t-seanail, 's e ceum mòr air ais a bhiodh ann.
- 11.11 A thaobh an t-suidheachadh ionmhais, chaidh a ràdh leis an Àrd-Oifigear nach robh an t-suidheachadh diofraichte bho bhliadhnaichean roimhe – gu robh MG ALBA air cùmhnantan fada aontachadh a dh'aindeoin nach eil maoin na buidhne air a ghealladh gu cruaidh. Tha compàirtean MG ALBA a' tuigsinn mar a tha cùisean agus tha MG ALBA a' làimhseachadh nan cunnartan mar a tha buidhnean eile a tha amasach agus a dh'fheumas rian theann a chumail air ionmhas, air geallaidhean agus air dùil nan compàirtichean. Feumar gluasad gus cothroman a ghlasadh a-steach.
- 11.12 Bha buill a' tuigsinn ach bha aon bhall den bheachd ged a bhiodh an ro-innleachd ceart gu robh ceist ann an robh e comasach gu h-ionmhasail. Bha cosgaisean gu bhith a' fàs, agus ri linn mar nach deach maoin MG ALBA a dhaingneachadh gu anmoch am-bliadhna bha ceist ann an robh e comasach gealladh 3 bliadhna a thoirt dhan SPFL. Chaidh aithneachadh nach e na suimean a bhiodh air an gealladh dhan SPFL an dùbhlán agus cosgais riochdachaidh nach robh cinnteach agus a dh'fhaodadh fàs

- 11.13 Chaidh innse gu robh e comasach cùmhnantan riochdachaidh atharrachadh a rèir dè bhiodh aontaichte ann an sgrìobhadh sa chùmhnant fhèin ach nach biodh dùil ris an aon sùbailteachd le cùmhnantan chòirichean.
- 11.14 Chur Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh ceist mu dheidhinn inbhe “going concern” na buidhne, agus thuirt an t-Àrd-Oifigear nach robh a’ cheist ag èirigh.
- 11.15 Thug an Cathraiche taing do bhuill agus oifigearan airson deasbad a bha cho fosgailte agus mhol e gum bu chòir dhan Bhòrd ùghdaras a thoirt dhà aontachadh ris a’ chùmhnant *ann am prionnsabal*.
- 11.16 Ge-tà cha robh e fhathast comasach a dhol leis an t-suidheachadh gu h-iomlan agus bha sùbailteachd a dhìth. Gu h-àraid bha prìs a dhìth bhon riochdaire.
- 11.17 Cha robh e a’ moladh “break clause” sa chùmhnant leis an SPFL.
- 11.18 Mar fhuasgladh, mhol an Cathraiche, agus dh’aontaich buill gu lèir ach Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh, leis na leanas:
  - 11.18.1 Aontaich cùmhnant an SPFL ann am prionnsabal;
  - 11.18.2 Fosgail còmhraidhean leis an riochdaire, ag amas air fuasglaidhean a lorg a cheadaicheadh gearradh de 10% ann an luach a’ chùmhnant thairis air 2020 gu 2023 agus a cheadaicheadh na h-aon uairean de stuth ann an àite eile sa chlàr;
  - 11.18.3 Moladh a chur fa chomhair a’ Bhùird ann am meadhan an Lùnastal, tro phròiseas sgrìobhte. (Gnìomh: IMT)

## **12 Cunntasan reachdail na buidhne son 2018-19**

- 12.1 Chaidh innse gun deach na cunntasan tro Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 21/5/19 agus gur e an tionndadh sin, la na h-atharraichean a chaidh a mholadh, a bh’ air beulaibh a’ bhùird son aonta.
- 12.2 Chaidh innse gun d’ thug an luchd-sgrùdaidh aithisg ghlan don bhuidheann agus chaidh meal-a-naidheachd a thoirt don sgioba ionmhais.
- 12.3 Ghabh buill ri na cunntasan reachdail agus chur an t-Àrd-Oifigear agus an Cathraiche an làimh-sgrìobhte riutha.
- 12.4 Thugadh taing do sgioba Saffrey Champness agus sgioba ionmhais MG ALBA.

## **13 Aithisg Bhliadhnail airson na bliadhna a dhùin 31/3/19**

- 13.1 Bha teasca na h-Aithisg Bhliadhnail fa chomhair nam ball agus bha iad riarachtaichte leis.
- 13.2 Chaidh taing a thoirt don buidheann airson na chaidh a choileanadh tron bhliadhna.

## **14 Conaltradh bùird**

- 14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air tachartasan agus thug buill fa-near.

- 14.2 Chaidh aontachadh nach biodh cur-air-bhog poblach ann airson na h-Aithisg Bhliadhnail ach gun deigheadh sanas naidheachd a chruthachadh, a thuilleadh air pìosan air na meadhanan sòisealta.
- 14.3 Chaidh aontachadh gun deigheadh fios a sgaoileadh air buill mu na cothroman air na rudan a tha a' dol ma tha ùidh aig duine aca a bhith ann

**15. Aithisgean dèanadais – Q4 2018/19**

- 15.1 Bha aithisgean ràitheil a) Ionmhas b) BBC ALBA c) Air-loidhne agus na Meadhanan Sòisealta agus d) fiosrachadh air prògraman co-mhaoinichte air beulaibh bhall agus ghabh buill fa-near.

**16. GISBE**

- 16.1 Chaidh meal-a-naidheachd a thoirt do Radio nan Gàidheal airson nan duaisean a choisinn iad aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach

**17. Deit na h-ath choinneimh - 25 agus 26 Sultain 2019, An t-Eilean Sgitheanach.**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: